

## An Aghaidh Choimheach le Iain Moireach



Dh'aithnich Doilidh a bhràthair a' cromadh às a' phlèana...cò nach aithneachadh Canèidianach air a thrusgan?...agus ghabh e a-null 'na choinneamh. Bha inntinn agus a' chuimhne a' ruith roimhe, a' cur sgleò air a lèirsinn fhad sa choisich e thuige.

A' cheud rud a mhothaich e, cho aosta is a bha Aonghas Iain.

Rud iad air làimh a-chèile agus dh'ainmich iad a chèile anns an fhuachd. Bha gaath neimheil bhon Bhàgh a' sguabadh thairis air an rèidhlean fhosgailte, a' slacadaich còta soilleir Aonghais Iain agus briogais Shàboinn Dhoilidh mun casan. Sheall iad gu h-èasgaidh ri chèile. Fad tiotadh, dìreach, gach bràthair le boillsgeadh a' coimhead troimh shùilean an fhir eile, agus an uairsin dìthis bhodach ag amharc sùilean a chèile.

Bha dùil aig Aonghas Iain gun taomadh faireachdainn air choireigin a-steach air - rudeigin a bhiodh a cheart cho làidir ris a' chianalas - nuair a chuireadh e a chasan a-rithist air talamh Leòdhais. Nach robh còrr agus dà fhichead bliadhna bho dh'fhalbh e às? Ach cha do dh'fhairich e dad, ged a dh'fheuch e e fhèin a dhùsgadh. Thubhairt e ris fhèin an toiseach gum b' e an sgiths a bu choireach, ach thuig e a-nise nach b' e, gur e saorsa de mhiann bàis a thug ann e, gun robh saorsa bhreitheanas roimhe. Agus Doilidh Beag cho rag, crìon, le droch dheud agus dreach na h-aimsir air a ghniùis chaoil.

Thuir e ri Doilidh gun robh e sgith.

"Tha mi sgith, glè sgith", ars esan, a theanga ri stràcadh troimh chànain far am b' àbhaist dhi bhi dannsa.

Leag Doilidh sùil mhiogach air.

"Tha. 'S fhada bho dh'fhàg thu 'n taigh."

Ghabh iad tagsaidh bhon dròm a-steach am baile. Chrom iad às aig an Royal, agus choisich iad sìos gu bàrr a' chidhe gun dad a chòmhradh eatorra. Bha Aonghas Iain le iongnadh a' toirt fainear mar a dh'atharraich an t-àite. Cha b' e nach do dh'atharraich Trail, B.C, cuideachd, le caran an t-saoghail. Ach cha robh dùil aige ris an leithid an sud - dh'fhairich e mar Rip Van Winkle. Smaoinich e ciamar a dh'innseadh e seo do Dhoilidh ach cha b' urrainn dha.

Cha robh Doilidh idir air a dhòigh a' magail air a' chidhe na dheise-Shàboinn agus bha sin follaiseach na aodann.

"Tiugainn dhan a' Royal," thuir e mu dheireadh.

"Royal?.....oh sure. Thèid gu dearbh."

Bha e a' dèanamh dragh do Dhoilidh nach deidheadh aige air càil a ràdh ri bhràthair. Ach cò air a bhruidhneadh e ris? Dè fios a bh' aig Aonghas Iain mu chaoraich mo mu chrodh no mu nì sam bith eile air an t-saoghal? Dh'fhaighnich e dhan an ceann ùine ciamar a dh'fhàg e an teaghlach, thall. Thug Aonghas Iain balgam às a ghloine, agus dh'innis e dha. Bha Don pòst ann an Ottawa, obair

mhath aige ann an ofisean an Riaghaltais, agus Alex ag obair aig Boeing ann an Seattle, agus Claire pòst aig fear à Vancouver agus dithis chloinne aca.

"S e Gus a th'air am mac aice," ars esan le gàire mhoiteil.

"Gus," arsa Dolidh. "Glè mhath. Glè mhath."

Cha robh fios aige carson a bha Gus glè mhath.

Thug Aonghas lain wallet às a phòcaid, làn phàipearan agus notaichean. Tharraing e pasgan dhealbhan às. Shìn e air a' bhòrd iad, agus thog e a-rithist iad, aon an-dèidh aon, a' bruidhinn.

"Sin Don a-nis...agus Mary...Màiri...mi fhin is Sue is Don...seo Gus, balach dà-rìreabh!...Màiri is Gus is Claire is -o, sin Bill, Bill an duine aig Claire. Gus a-rithist, tha e coltach rium... Alex, Claire, Don is mi-fhin aig a' Bhliadhn' Ùr an-uiridh.... an taigh agam fhin, not a bad place, eh?...Will McLean à Geàrrloch agus Sue...duine math, Will...cùl an taighe...Sue a-rithist. Chan fhaca tusa Sue a-riamh...bha i breagha, Sue..."

Boireannach eireachdail a bh' anns an dealbh, ceart gu leòr. Sue. Agus aodainn eile nach fhac' agus nach fhaiceadh esan. Ainm aig Aonghas lain dhaibh uile, ainmeannan coimheach, neònach. Thug e sùil orra air fad, a dh'aindeoin sin, is e ag aomadh a chinn ri bhràthair. Ach cha robh annta ach leusan, pìosan faileasach pàipeir air bòrd anns n Royal, aghaidhean nach robh 'na shaoghal-san.

Thog Aonghas lain na dealbhan agus chàraich e air ais 'na phòcaid iad.

Nuair a ràinig iad dhachaigh, bha Anna am piuthar a' feitheamh an-sin, anns an doras, is i a' fàsgadh a làmhann le fadachd is iomagain. Chuir i a gairdeanan mu amhaich Aonghais lain, phòg i e, agus thug i ceum an comhair a cùil, a làmhann fhatthast air gualainnean a bràthar. Bha deòir na sùilean.

"Gun dith thu fhèin...Gun dith thu fhèin..."

Shuath i na deòir le a h-aparan.

Bha Dolidh is a cheann air fiaradh ga coimhead.

"Steach leibh. Trobhad a-steach," ars ise.

Shuidh Aonghas lain aig an uinneig, agus sheall e mun cuairt. Latha bristealach geamhraidh, shaoileadh duine gun am fuachd a' geurachadh oirean an t-saoghail. Bha na beanntan dubhghorm mar a bha iad na chuimhne, bha an loch cho làn, an cladach. Cha robh an t-eilean air atharrachadh; bha an t-eilean bith-bhuan. Ach nas fhaisge, fa chomhair, chitheadh e mullaich-sglèat, uinneagan mòra agus iodhlainnean beaga. Bha seann chairt-chopaig air beulaibh an t-seann taighe, cliathaich a dhith oirre, cinn nan tromaichean fodha anns an talamh. Na h-eich air a dhol à fasan agus na cairtean gan tiodhlaigeadh fhèin air an ceann-dìreach. Agus a dhachaigh fhèin gun mhullach, air tuiteam na broinn. Fear garbh odhar air a h-uile nì a bha uaireigin am meadhan a shaoghail. A-mach às an làraich ud dh'fhalbh esan don Chogadh; a-measg an tìurr chlachan ud a chàraich e uime a dheise, an oidhche a thog e air a Chanada, a chionn fhada mhòr an t-saoghail...

Feasgar geamhraidh ann an 1916, bha an teaghlach gu lèir mun bhòrd: Dòmhnall Mòr, Belag a bhean, lain, Alasdair, Sìne, Anna, Aonghas lain, Ciorstaidh agus Dolidh Beag. Bha lain agus Alasdair air fòrladh. Thurchair dhaibh a thighinn dhachaigh air an aon oidhche ann an taigh Dhòmhnail Mhòir. Alasdair às a' Nèibhidh agus lain às na Canèidianach, Princess Pat's, dithis bhalach cho grinn a dh'fhalbh à Leòdhas a-riamh. A-measg aoibhneis agus onghail, bha an teaghlach a' gabhail an naidheachd, còmhla. Belag, nam faigheadh i leisgeul sam bith a' cur a làimh air gualainn no air glùin fear seach fear de "na strainnsearan," mar a bh'aic orra.

An fheadhainn òga gun ghuth air cadal ri feuchainn orra na bonaidean agus a' coimhead nan trusgan. Cha robh dith fuaim no ceòl-gàire.

Aig an àm ud, bha Aonghas lain beagan is sia bliadhna-deug. Bha e ri faighneachd de bhràithrean an robh medals aca, is e ga fhaicinn fhèin le fèileadh uaine a' cluiche na pioba sa chas air a' pharapet 's na Gearmailtich a' losgadh air 's esan air a leòn gu dona ach a' cumail a' dol a dh' aindeoin cunnairt 's na Siophortaich a' gabhail misneachd 's ag èirigh ag èigheachd Cuidich an Rìgh 's a dèanamh sgrios eagalach air an nàmhaid agus an Rìgh a' càradh V.C. air a bhroilleach-san 's e tilleadh a Leòdhas le cas ghoirt sa pòsadh tè bhrèagha sa crochadh a V.C air a' bhalla ri taobh a' chalendar agus bhiodh e ag innse dha mhic mar a choisinn e e. Fadachd air gus am biodh e an aois falbh don Fhraing. Cha robh a chridhe aig lain no Alasdair a dh'innseadh dha na bha roimhe an-sin.

Fadachd cogaidh no sìth cha robh air Doilidh Beag an oidhche ud. Balach sèimh, cho sèimh na ghnè is gun deach earrainn mhòr de dh' òige seachad gun fhios dha. Dh'fhàg sin na bhodach gruamach e o chionn fhada, a' cnàmh ann an aithreachas.

B' e sud an turas mu dheireadh a-riamh a bha an teaghlach cruinn. Sia mìosan an-dèidh dha dhol air ais bho fhòrladh, chaidh lain a chall. Mar a fhuair iomadach pàrant eile, fhuair Dòmhnall agus Belag fios agus chaidh Belag gu caoineadh, an uairsin agus a-rithist nuair a ràinig pasgan beag de threallaichean a bh' aig lain agus dhà no trì medals ann an cèis aodaich dhubh. Deireadh sgeòil lain, a dh' fhalbh bho fearail sunndach à Montreal don chogadh, latha is Canada gu lèir a' smèideadh agus ri chomhaoisean òga.

Leig Aonghas lain osann trom às. Dad ach air ruighinn Leòdhas agus mar tha am bàs mar neul na inntinn. An Canada, ged a chaochail Sue, ged a bha doilgheasan air corra stad a chur na cheum, cha robh e a-riamh buailteach ri osnaich. Ach cha deidheadh aige ar a smuaintean a thogail gu nithean eile. Bha aige a-nise, an-dèidh dha aghaidh a chur air an fheadhainn a bha fhathast beò de a dhaoine, ri coinneachadh agus ri rèite a dhèanamh leis na mairbh. Naoinear ann an 1916, triùir an-diugh, seann mhaighdeann, seann fhleasgach agus seann bhantrach. Cò shaoileadh gun sioladh iad às cho luath? Ach mhaireadh an sloinneadh ann an Canada, seach gun robh Don pòsta. Ainm Dhòmhnail Mhòir ann an Ottawa...agus nam pòsadh Alex...ainm a bhràthar Alasdair air-san, Alasdair nach do thill nas motha às a' chogadh.

Alasdair Dhòmhnail Mhòir na shuain cadail ann an rùm beag shìos am broinn na luing-chogaidh. Seòladairean sgìth nan cadal mun cuairt air. Gu h-obann, iarann ga reubadh sa ga stialadh, daoine a' sgreuchail, feòil, sal a' taomadh a-steach innte. Saoghal bun-os-cionn. A' faighinn a chasan fodha. Dèan air an àradh. Daoine a' gabhail dha chèile, a' mionnan agus a' gal. Gàidheal eile air a chùlaibh, a brunndail, "A Dhia glèidh mi, à Dhia glèidh mi." Làmhnan air an àradh, uile neart ga shlaodadh fhèin suas. Guth ag èigheachd - Alasdair! Alasdair! Am fear eile a' dèanamh crònna àmhghaireach ga thilgeil fhèin ris an àradh, a' feuchainn ri sreap. An dà ghàirdean dheth aig na h-uillinnean. Suail. A duine à sealladh. Fodha. Suas leis. Muir- dubh agus dearg agus geal, am bàs a' sluaisreadh mu shliasaidean is e a' dìreadh. Spreadhadh eile.

Latha dha robh iad, sgaoil leatha nach dìochuimhneachadh iad gu brath lain no Alasdair, ach cha robh

iomhaigh fear seach fear dhiubh aca an-diugh. Gillean grinn, dìreach, a bha an-diugh dhaibh mar cheumannan sa ghainmhich.

Agus an uairsin, an dleastanasan cuimhneachaidh mu dheireadh, bha e an dòchas, gum am biodh na fiachan pàighte...e fhèin ri falbh a Chanada.

Chitheadh e cho soilleir na chuimhne na thachair. Athair aig ceann na beinge, Dòmhnall Mòr, a' sgrùdadh lasraichean an teine, a' faicinn balaich a dh'fhalbh 's nach do thill. 'S a-nise Aonghas lain, a thug a bheatha às a' Fhraing, esan a-nochd a' falbh a' Chanada. Bha fios aig Dòmhnall Mòr ciod e a bha an dealachadh seo ri ciallachadh. Bha Belag ga cumail fhèin cho dripeil is a burrainn dhi, a' faighneachd na dhìochuimhnich e sud no sud eile. Robh na stocainnean gorm aige? Agus fad na h-ùine ri sealltainn 's ri sealltainn ris, mar gum biodh eagal oirre gun dèideadh roinnean dheth às a chuimhne gu sìorraidh. Càch na tosd, a' faicinn nì mòr mar eachdraidh ri tachairt.

Nuair a dh'fhalbh e an uair ud - an dàrna turas a-riamh a dh'fhalbh e, cha tug e an aire do neach ach a phàrantan...Belag ri gal ga choimhead, agus Dòmhnall Mòr samhach, a' tionndadh a chùlaibh agus a' gabhail seann cheum trom airtnealach a-steach an staran.

Ghabh e cus ri òl ann an Steòrnabhagh, agus dhùisg e le ceann goirt is Canada roimhe.

"Chan eil mòran am follais dheth am follais an-diugh," ars Anna.

"Chan eil," fhreagair Aonghas lain. "Chan eil gu dearbha. An seann dachaigh - old home..." Sheall e rithe le fiamh a' ghàire.

"Bheil cuimhne agad an latha a'.....streap?.....mi fhin 's tu fhèin aire druim am bò?"

"Na bà," ars ise. "Druim na bà. Tha..."

Rinn i snodha gàire ris le a beul.

Cha robh cuimhne aice air dad dha leithid. Dh'aithnich Aonghas lain air na sùilean aice. Dh'aithnich e, le uamhas, gun robh Anna airson trod ris, airson rudeigin èigheachd ris, gun robh farmad aige ris. Chunnac e gun robh i aosta, caol.

"Tha gu dearbha, cuimhn' againn air a h-uile càil. Cuimhne, fios agus faireachdainn, air - a h-uile càil, Aonghas lain. Iomadach rud..."

Dh'èirich Anna agus choisich i air a socair a-mach don chidsin, crith na beul. Dè fios a bh' aige-san? Bodach saobhir à taobh eile an t-saoghail? Fad bliadhnaichean nam bliadhnachan, ise gu moiteil ag innse dha coimhearsnaich gun robh Aonghas lain aca-san a' faighinn air adhart. Agus mar a chaidh na ràithean 's na bliadhnaichean seachad, cho doirbh is a bha e dhi a bhi a' bruidhinn air, daoine a' faighneachd cuin a bha dùil ris dhachaigh air chuairt? Robh fada o nach d' fhuair iad bhuaithe? Daoine eile a' tilleadh o àm gu àm...

Ach cha do thill esan. Agus nuair a thàinig e mu dheireadh thall, ann am meadhan a' gheamhraidh, dè bh' ann dheth ach seann duine reamhar?

'S a' cur dheth mu dheidhinn the old home.... Home a dh'fhàg esan cho luath is a fhuair e an cothrom. Cha robh gaisnean dheth ann nuair a chaochail athair, no a mhàthair, no Sine, no Ciorstaidh bhochd. Na nas motha aig iomadach àm eile a bha feum aca air cobhair, cha do nochd e fhèin no sgillinn ruadh de chuid airgid.

Tà, nuair a chaochail a bhean fhèin, nuair a dh'fhàg na h-iseanan aige an nead, abair thusa gun do rinn e air Leòdhas an uairsin...

Facal cha tuit e mun dachaigh a bh' aca an-diugh, ged a bhiodh e na shuidhe gu comhfhurtail na broinn.... Na chuir ise às a corp bho chionn seachdain a' sgùradh 's a' nigheadaireachd 's a' sgioblachadh.... An aon fhoon aig gach seann chroidsear a thilleadh, ma b' fhìor a' caoidh na dh' fhalbh. Tà, feuch riut, an deidheadh iad a dh' fhuireach dhan taigh-dhubh, no an diùltadh iad suidhe ann an càr? Agus chùim iad cìor 's an àite gus na chuir daoine eile às de na seann nithean, a' cur na h-oighreachd ann an òrdugh le strì agus fallas, gan marbhadh fhèin...

A' cheud latha no dhà, b' ann ri ruith air na comhaoisean agus na càirdean a bha an triùir nan còmhradh. Bha a' mhòr chuid dhiubh anns a' chladh.

Thogadh Aonghas lain ainm, mar a thigeadh iomhaigh chuideigin gu a cuimhne.

"Ciamar a tha Alasdair an Dùdu?"

Agus chrathadh Alasdair bochd a cheann.

"Bhàsaich Alasdair bochd bho chionn fhada."

"Nìteen-fifty-six, bliadhna an t-sneachda mhòir," chanadh Anna, ag osnaich agus ag iarraidh gu bruidhinn mu chinn-crìoch.

Mu dheireadh sguir Aonghas lain a' dh'fhaighneachd.

Thadhail e a-staigh air an fheadhainn a bha fhathast air an caomhnadh, gach uair le million ceist air bàrr a' theanga a' dol a-steach chun an taighe. Ach nuair a chitheadh e an duine, cho crèicealadh fàilingeach an tac an teine, cha bhiodh mòran aige ri ràdh ris, agus b' ann air aimsir agus cridheachan lag a chuireadh e seachad an fhionnairidh. Chuir e iongnadh air cho briste is a bha an sluagh nan slàinte. Bha e taingeil gun robh e fhèin air Canada a thoirt air - bha e air a bhith san uaigh gu seo. 'S e gnothach eagalach a bh' ann, ach bha e na b' fhaisge na aigne ris na beanntan 's ri coigrich ann an Canada na bha e ri dhaoine fhèin. Fiu' 's Doilidh agus Anna. An dithis aca cho dùinte, an taing a-chèile agus neo-ar-thaing a-chèile mar dà chlach mhuil air cladach. Dh' fheumadh e faighinn a-steach orra, oir cha bhiodh cothrom aige tuilleadh.

Thòisich Aonghas lain a' conaltradh mu chor an t-saoghail, feuch an lorgadh iad ceangal sam bith ach fuil thana agus cuimhneachain eatorra.

"Bu chòir, theireadh e, "bu chòir dha Nixon am bom a thuiteam air na VC's. Menace dearg. Balaich òga ri bàsachadh thall sud, for what? Am bom, short and sweet, stadadh sin iad."

Bha fios aige gun robh easbhaidhean a' Ghàidhlig a' cur dreach nas corraiche air a bheachdan na bh' orra anns a' Bheurla. Ciamar eile a bhruidhneadh e ge-tà? Ma bha a' Ghàidhlig-san air meirgeadh le dith cleachdadh, chan robh am Beurla-san a-riamh air a thighinn gu inbhe. Shealladh Anna ris. Cha robh fios aice cò air a bhiodh e a-mach. Ach fhreagradh i gu truasail nach e sin, balaich òga ri bàsachadh ' gun fhios air domhain carson, agus shuathadh i a boisean air a glùinean.

Bheireadh Doilidh greis a' coimhead gu dùr ris an teine. A h-uile latha, bhiodh e a' leughadh a' phàipeir, agus ag èisteachd ri na naidheachdan. Ged nach deidheadh e glan dhan an aghaidh teachdaireachd na h-eaglais, dh' èisteachd e ri naidheachdan an latha air an t-Sàboinn fhèin. Bha fios aige dè bha dol, 's ann aige a bha. Ach cha bhruidhneadh esan air "Nixon" cho toibheumach ri sud. Dè fios a bh' aige-san dè bu chòir dha ceannardan a bhith ri dèanamh?

"O, tha na seòid sin eòlach air an gnòthaichean fhèin, chanadh e, gu faiceallach. "Co-dhiù, chan eil fhios againn. Cha toir duine a char à President Nixon, 's iongantach. Nach e fear-lagh a th' ann dheth?"

Chailleadh Aonghas lain fhoighidinn leis. Gu bras, chanadh e, "For God's-sakes, man 's cinnteach gu bheil thu a' faicinn..." Ghabhadh e roimhe, aithreachas air gun do dh'fhosgail e a bheul bho thùs, agus sin ga dhèanamh nas fiadhaiche.

Fhreagradh Doilidh gum b' ann aig Aonghas lan fhèin a b' fheàrr fios, is e a' caitheamh a chairteil thall a measg na Yanks.

Dh' fheuch Doilidh corra uair ri rudan innse mu a bheatha fhèin. Cha robh e furasta, dè a thaghadh neach à raoin fharsaing leth-cheud bliadhna? An innseadh e mar a bha cùisean anns na twenties nuair a bha esan na threun neart? Am burrainn dhà? An innseadh e mu threabhadh, mu chur, mu bhuaibh - bhuaibheadh esan leis an speal na latha suas ri leth-cheud adag arbhair, agus cheangailleadh e iad mas deidheadh a' ghrian fodha. An dèanadh e dealbh dha air bàs athair? Air an dàrna ginealach a dh' fhalbh air oidhche foghair nuair a bha iad abaich airson an leagail anns an Fhraing? An tuigeadh am fear sprogaill, sultmhor ud cò ris a bha e coltach a bhith cùirte le siataig is tu a dh'aindeoin sin a' cothachadh ri geamhrachadh bheathaichean, ri sgealpadh bhuntàta air latha rag Earraich? O cha tuigeadh a chaidh, nas motha na thuigeadh esan mu chruadalan, agus àmhghairean a thàinig air a' chuid a chaidh a-null dhan Choille, na gillean òga le 'm bonaidean mòran a sheòl air falbh, gu saoghal ùr.

Aon latha fuar grianach, chaidh an dìthis aca cuairt mu chrìochan na lota. Ràinig iad a-steach sruthan far am b' àbhaist dhaibh a bhith ag iasgach as t-samhradh is iad nam proidsich bheag. Abair iasgach! Bha an dìthis a' gàireachdainn, a' cuimhneachadh air na geòiteabhain a bhiodh iad a' sealg am measg

nan clachan agus an t-eagal a bhiodh orra roimh easgannan.

"Cuimhn' agad, 'ais-lain," arsa Doilidh, "an latha a ghlac sinn easgann 's a gheàrr sinn i na sia piosan? Agus thàinig Coinneach Ruadh, agus thubhairt esan gun deidheadh gach bloigh den easgann ann an ceann fichead mionaid?"

Bha Aonghas lain ri lachanaich. Bha cuimhne glè mhath aige mar a shuidh iad fad finn shuaineach an latha a' coimhead ris na bloighean easgann a' feitheamh, agus cho fàmailteach is a bha iad nach deach na piosan nan sia easgannan, no nan aon.

Choisich iad an taobh ud agus an taobh-sa, a' cuimhneachadh dè b' àbhaist a bhith ga chur anns an làrach feannaig, càit' am biodh canach bàn, deocagan, deanntagan...

Mu dheireadh, chuir iad car mun iodhlainn agus ràinig iad doras an t-seann taighe.

"Eil cuimhn' agad nuair a sgrìobh mise AJML 1915 ann an clach ri taobh an dorais?"

Dealbh taitneach. Aonghas lain le sprod iarainn agus oileag, latha sam bith a bhiodh dòrtadh ann is nach fhaight' a-mach a chluich. Thug e fad ràith a' sgeilbeadh litrichean anns an leac - leac ri taobh an dorais, mu cheithir troighean an àirde bhon talamh.

Chanadh a mhàthair anns an dol seachad dhi "Oh, bheil thusa fo mo chasan a-rithist! Diomhanas. Faigh sibh càil-idir nas fheàrr na sin a dhèanamh?"

Ach cha do shaoil Aonghas lain no Doilidh Beag gum b e diomhanas a bh' ann. Bhiodh iad a bruidhinn air, ann an sud, far an robh iad nan seasamh an-dràsta. Bhiodh ainm Aonghais lain an sud gu bràth. Bhiodh luchd-tadhail ann an 2015 a' stad agus a' leughadh, agus a' smaoineachadh air Aonghas lain nuair a shuidheadh iad a-staigh aig an teine.

Agus bha iadsan an sud an-diugh, agus cha lorgadh iad a' chlach. Cha robh ceithir troighean de bhalla an èis. Chrom an dìthis agus làimhsich iad leac an sud 's an-seo.

Sheall Aonghas lain ri Doilidh. Bha Doilidh a' coimhead ris na clachan a bha lethach-fodha anns an talamh. Chuir e a làmh air gualainn Dhoilidh.

"That's the way of it. AJML 1915. An taigh a bha gu bhith ann co-dhiù, ge bith dè thigeadh as a' rathad. 'S beag a bha dhùil againn. Doilidh old son, eh?"

"'S beag gu deimhinne. Ach sin mar a tha saoghal," arsa Doilidh, a' sealltainn gu caomh ris na seann sùilean liath-ghorm, agus ris na làmhnan boga geala a rinn an obair an uair ud.

Sheas iad far an robh iad, làmh Aonghais lain fhathast air gualainn Dhoilidh, gach fear a-nise a' tighinn air a shocair fhèin sìos tro na bliadhnaichean. Nuair a thog Aonghas lain a làmh, choisich iad gu slaodach chun an taigh ùir, a' bruidhinn air cho cunnartach is a bha na clachan leis an reothadh.

Aon oidhche Bliadhna' Ùire, nuair a bha Doilidh mu leth-cheud bliadhna a dh'aois, bha blàthachadh math daoraich air is e na shuidhe le grunnan eile ag òl leann. Bha leann air làr a' bhothain anns an robh iad, agus trì casgaichean fiodha ann an oisean às an d' fhuair iad an carthannas. Sheinn iad amhran no dhà, bruidhinn air na caoraich, agus tharraing iad à Seumas Ruadh mu dheidhinn rùd a bh' aige, cho bochd 's a bha e. Bha iad glè dhòigheil.

Thàinig trìuir ghillean òga a-steach is iad fhèin le deàrrsadh na deoch nan aodainn. Thòisich iad ri seinn, duan Beurla mu dheidhinn cowboys. Thubhairt Murchadh Uilleim riutha falbh leis na h-amhrain sin, mur a seinneadh iad Gàidhlig thoireadh iad na sitigean orra. Ach 's ann a thòisich na laoch air fonn agus facail eile, luinneag dhrabasta Bheurla. Cha tubhairt Murchadh Uilleim riutha falbh no sgur, agus ged a thubhairt e rubbish na croich! Dh'èist e fhèin agus càch gu fuirealach ris na briathran. Nuair a chunnaic na gillean gun ghabh na fleasgaich am biathadh, stad iad gu h-obann an teis mheadhan rainn, agus thòisich iad ri fanaid orra. Rinn iad tòrr chàineadh.

Bha corraich air Doilidh Beag ged nach robh e cinnteach carson, agus chaidh an dubhan a tharraing gu làidir ann-san.

Thubhairt iad rudan grànda ris mu dheidhinn bhoireannaich. Nach robh e còmhla ri tè a-riamh anns a' chorc no ris a' bhòrd-shlios no an àite eile ach 'na chuid aislingean salach. Gum bu chòir dha dhol

ann am monastery.

Dh'èirich Doilidh agus dh' iarr e orra a dhol a-mach a shabaist. Aost' is gu robh e a-bharrachd orra, bha e cinnteach gun cuireadh e tuainealaich nan cinn. Bleigeardan an latha 'n diugh, air an togail air ice-cream is Beurla.

Bha na gillean toilichte gu leòr. Mach leatha a' seanais nam measg fhèin. Lean a h-uile duine a-mach iad, oir bha ràidh de sheanachas air a gealltainn.

Thilg Doilidh a sheacaid, chuir e smugaid 'na bhoisean agus thog e a dhà dhòrn.

Anns an ath thiotadh, nochd nighean à àiteigin agus thug i às leis an t-seacaid.

Dh' èigh Doilidh as a dèidh. Bha airgead agus leth-bhotal na sheacaid. Stad ise. Cha robh gutth aige air sabaist tuilleadh. Bha na gillean ri lachanaich, càch a' priobadh air a-chèile.

"Till leis an t-seacaid sin, am biods!"

"Trohad agus faigh i!"

Ruith e, glan as a chiall. Nam faigheadh esan grèim oirre, an starrag -

"N aire ort fhèin!" dh' èigh fear òg. Boireannach cunnartach a th' agad an sin!"

Nuair a bhuannaich e faisg oirre, thug i a casan leatha a-rithist, le Doilidh na dheann ruith air a sàil suas tron bhaile. Bha anail Dhoilidh na uchd, leann a' glugail na bhroinn. Thionndaidh ise a-mach, far an rathaid, a-mach gu leas bheag le gàradh cloiche. Leum i an gàradh.

Shreap Doilidh an gàradh agus thuit e air an taobh eile. Bha i na seasamh ri a thaobh. Chitheadh e na casan aice suas chun na glùinean. Dh' èirich e, agus rug e air an aodach aice. Cha do ghluais i.

"Na reub mo chuid aodaich," thubhairt i, gu socair.

Dh'fheuch e ri rudeigin a ràdh ach bha inntinn bun-os-cionn agus cha ghabhadh tuigs' air na briathran a thàinig a-mach.

Nighean Mhic 'An Thormoid, caileag ainmeil anns an sgìre, ga choimhead le gàire ann an solas na gealaich. A sheacaid air a cùlaibh.

Rug e air ghualainn oirre, leth dhùil aige làrach nan còig fhàgail air a gruaidh. Ach dh' fhidir e cho cruinn agus cho bog is a bha a gualainn agus stad e. Sheall e rithe, ri a h-aodann, ri a broilleach...

"Tha thu puffed out, a bheil?" ars ise

Bha na liopan aice faileasach, is iad beagan o chèile.

Cha robh càch air an leantainn idir. Cha robh anns an t-saoghal ach e fhèin, agus ise, agus a mhiann.

Tharraing e thuige i, agus leig ise sin leis. Sheall i suas ris. Chrom esan a cheann ann am brudair agus dh'fheuch e ri a pògadh,

Leum i air falbh uaithe.

"Teich, a thrustair, Sud do sheacaid."

Agus leum i an gàradh, a' gàireachdainn.

Agus a-nise bha Doilidh agus Aonghas lain nan suidhe aig a' bhòrd, greis an-dèidh am biadh, ag èisteachd ri Anna am piuthar a-muigh anns a' chidsin is i a' nighe nan soithichean.

Feasgar na Bliadhn' Ùire. An triùir nan tost, a' cuimhneachadh, a' smaoinichadh agus a' feitheamh. 'S e sin an seòrsa feasgar a th'ann do sheann daoine.

Bhris i air an t-sàmhchair gu h-obann. Dh' fhosgail an doras a-muigh agus thaom gròillean bhalach

a-steach, a' stràcadh nan cas agus a' brunndail.

"...an t-aran gun an t-im  
fhidh sinn an t-im gun an t-aran..."

Dusan aca, le aodach piullagach agus aghaidhean coimheach orra. Pacaidean Corn Flakes agus bucais-bhròg air an gearradh sìos, feusagan clòimhe, sùilean iargalta, beòil reothte chumhang fhosgailte. Carson nach dùnadh iad doras as an dèidh? Gràisg na mallachd, ag iarraidh airgid 's cha b' e aran no im.

Ach bha Aonghas lain toilichte am faicinn.

"Stad, a bhalachaibh. Stad," ars esan.

Stad na balaich. Thionndaidh na h-aghaidhean ris.

"Nise, canaidh sibh a-rithist e, just one more time, dha seann bhodach, nach can?"

Ghnog na h-aghaidhean. 'S math a bha fios aig na balaich càit an robh sìneadh math.

"Fuirich an dràst," ars Anna, a' fighinn a-steach às a' chidsin, a' suathadh a làmhan na h-aparan. "Gus a faic mise cò th'againn."

Thog i a làmhan gu a ceann agus dh' èigh i, mar a rinn i gach Callainn ris an sgiobadh bhorb neochiontach ud.

"O, mo chreubhags, abair balaich eagalach!"

Agus bha siotaraich air cùl na feusagan, na balaich a' putadh air a chèile.

Ghabh Anna a-null thuca, feuch an dearcadh i air fear a dh' aithneachadh i. A' coimhead a-steach tro thollan nan sùilean gorm muinntir a' Ghlinne! Seonaidh, nach e? O, 's tu gu dearbha, a bhraidean, cha leig thu fhèin a leas! Agus mo chreach-sa thàinig, cò am bodach uamhasach a tha seo? Seall an

fhèusag - obh! obh! An tu fhèin a rinn an aghaidh choimheach, cha chreid mi gur tu, nach e d' athair a rinn e, a ghràidh."

"Cha b' e, ma-tha," fhreagair am balaich.

"Murdo 'An Chaluim! 'Cha b' e ma-tha, ' ars esan! O dh' aithneachadh sinne do chòmhradh an àite sam bith. Còmhradh d' athar, o 's e!"

"Cò an cashier? Cò tha gabhail an airgid?" Doilidh ri fàs sgìth, draught neimheil mu chasan, mi-shealbh orra.

Dh' aithneachadh Anna còmhradh 'An Chaluim... lain Chaluim Dhòmhnail. Aig banais Shine Chaimbeil, bho chionn fhada. Gille fichead bliadhna agus ise deugachan bhliadhnaichean nas sine na e. Bu tric a smaoinich i air na thachair...corra uair, nuair a bhiodh Doilidh a' gabhail an Leabhair, thurchairleadh e air caibideil a dh' fhàgadh gu truagh i, oir bha dòchas aice nach biodh a h-anam caillte... cha robh a peacannan ach beag - ach an aon ud - agus bha earrainnean anns an Fhìrinn a bha eagalach trom air a leithid. Dh' aithneachadh ise guth lain Chaluim, agus faileas a ghuth aig Murdo beag, a mhac a b' òige, cuideachd...

"Nis," ars Aonghas lain, "nuair a chanas mi trì."

Shuidh Anna.

"Aon.... Dhà... trì!"

"I' a bhannan ir a bhò

Cur-a-mach na bannagan

Hhidh sinn an t-aran gun an t-ìm

Hhidh sinn an t-ìm gun an t-aran

Hhidh sinn a' chàis leatha fhèin

Carson a rèist a bhiodh sinn falamh

Chan eil am broinn na fàrdaich

Nach gabh sinne an dràsta bloigh dheth

Ach aon nì tha sinn ag àicheadh

Niulagan bhuntàta carrach

Chan eil iad farasd an giùlain

Chan eil iad sunndach no fallain

Chumadh iad seachd tràth gun èiridh

An neach as treuna tha sa bhaile.

A bhean-an-taigh èirich suas

Geàrr cùl càbaig 's na geàrr bàrr d' òrdaig

Ach mar a toir thu rud dhan na balaich

Thèid do dhubhadh as a' bhaile

'S thèid do dhàthadh as an teine

Mach gu Latha Bride."

Thuir iad "Bride" gu math òrd, a' tuigsinn gun robh iad a' bagairt ged nach robh fios aca cò bh'ann am "Bride" no cò air a bha an duan a-mach.

Bha Aonghas lain a' crathadh a chinn, a' gàireachdainn. Air cùl nan aghaidhean-coimheach, bha na h-aodainn bheaga ruiteach a' cur a-mach ràisean teangaidh ris. Cabhaig air na seòid chun na cuirme. Ach b' ann air na h-aghaidhean-coimheach a bha aire Aonghais lain.

"Seo, a bhalachaibh," arsa esan, sprùilleach airgid na làimh, sìnte a-mach ri fear an sporain. "'S iongantach gu faigh sibh an còrr bhuamsa, so make the most of it."

Ghabh am balach an t-airgead, agus am beagan àbhaisteach a thug Doilidh Dhòmhnail Mhòir dhaibh. Cha b' ann a h-uile bliadhna a bhiodh bodach à Canada anns a' bhaile air Oidhche nam Bannag.

Bha Doilidh a' smaoinichadh air a bhràthair, ged a bha a shùilean air na balaich. Cha b' urrainn dha gabhail ris gum b' e sud a bhràthair, gum biodh iad a' mire agus a' ruith agus a' cadal còmhla uaireigin - a' Yank ud a bha a' tabhann airgead gun chiall dha na balaich?

"Siuthadaibh, ma-tha, " arsa Anna. "Siuthadaibh."



Theann na balaich a-steach ri chèile a-rithist, chaidh na bloighean nan easgann as ùr, agus thionndaidh iad chun an dorais.

Bha iad dìreach mar bhalaich-bheaga sam bith bhon cùlaibh. Cinn bheaga le falt làidir, clpannan làna fallain, cnàmhan anns an robh smior na h-òige.

Bha na h-aghaidhean-coimheach ri triall. Cha robh feum aig na balaich air aghaidh-choimheach ann.

"Mo bheannachd aig an taigh a th'ann  
"Eadar daoine 's crodh is clann  
Pailteas bìdh is pailteas aodaich  
Is slàinte daonnan gu robh ann..."